

PE1795/D

Comunn na Gàidhlig submission of 29 September 2020

Tha sinn taingeil gun deach athchuinge a thogail le Misneachd mu choinneamh obair Spòrs Gàidhlig.

Tha sinn taingeil cuideachd dhan Comataidh agus na Buill-Pàrlmaid airson coimhead rithe, agus dha na diofar bhuidhnean a th'air taic a chumail ri Spòrs Gàidhlig bhon chiad dol a-mach, nam measg: LEADER a Mhonaidh Ruaidh; Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean; Bòrd na Gàidhlig; agus Riaghaltas na h-Alba.

Mar a thogar san athchuinge, san t-Sultain is san Dàmhair an uiridh bha cùisean ionmhais rudeigin doirbh a thaobh Spòrs Gàidhlig. Cha robh gealladh sam bith aig Comunn na Gàidhlig ** (CnaG) – a tha os cionn Spòrs Gàidhlig - a thaobh taic airgid a bharrachd. Às aonais aonta taic-airgid cha robh e air a bhith comasach do ChnaG an obair aig Spòrs Gàidhlig a chumail a' dol, agus dh'fhoillsich sinn siud aig an àm. Goirid às deidh seo, tro chonaltradh a bharrachd le Bòrd na Gàidhlig, chaidh taic-airgid a thabhann dhuinn mu choinneamh an ùine eadar an t-Samhain 2019 agus am Màirt 2021. Fhuair sinn taic bhon Bhòrd mu choinneamh cuid de na cosgaisean-ruith, agus bha uallach air CnaG an tuilleadh a lorg tro obair reic.

Bha an obair ud a' dol gu math suas gu glasaidhean Covid-19. 'Sa Mhàirt 2020 bha sinn air obair luach £53,000 a ghleidheadh, is bha dùil againn ri barrachd fhad's a bhitheadh an obair margaidheachd air leantainn. B'fheudar dhuinn a h-uile càil a tha sin a chuir dheth, còmhla ri na rudan àbhaisteach eile anns am bitheadh an sgioba an sàs tro mìosan an t-sàmhraidh.

Tha sinn taingeil gun do dh'aontaich Bòrd na Gàidhlig (23mh Sultain, 2020) gum faod sinn an t-airgead a bha sinn air fhaighinn mar 'dhrochaid gu bhith coimearsalta' a chuir mu choinneamh an sgioba againn a chumail anns na dreuchdan aca. Eadar taic a Bhùird seo agus an airgead a tha sinn a' faighinn bho sgeama 'fòrladh' Riaghaltas an Rìoghachd Aonaichte tha e air a bhith comasach dhuinn an sgioba a chumail a' dol chun Mhàirt 2021.

Tha Bòrd na Gàidhlig cuideachd air gabhail ri tagradh airson taic a bharrachd mu choinneamh a' bhliadhna 2021/22. Mar a tha sinn ga thuigse thèid coimhead ri sin anns an Dùbhlachd 2020. Chan eil anns an tagradh sin ach suim airson mu 50% den suim iomlan a bhios a dhìth. Tha CnaG air radha gun lorg sinn an leth eile ann an dòigh a choreigin, mathaid bho stòras maoin, luchd-maoineachaidh eile, neo mathaid bho obair reic (*ged nach eil e ciallach a bhith a' sùileachadh cùs cothrom an siud air an ath-bhliadhna air sàilleabh Covid-19*). Tha sinn air bruidhinn ris an Riaghaltas mun seo gu neo-fhoirmeil, ged nach d'fhuair sinn cus dòchas aig an ìre-sa.

Leis a h-uile càil a tha sin, tha adhbhar dòchais againn gum bheil suidheachadh Spòrs Gàidhlig an ìre mhath sàbhailte suas chun Mhàirt 2022. Aig an ìre-sa, 's an saoghal air fad a strì ri galair-sgaoilte Covid, mathaid nach e suidheachadh ro dhona a tha siud – ach chan e 'seasmhachd' a th'ann san ùine fada.

Tha sinn ag aontachadh le ‘Misneachd’ – ùghdarran na h-athchuinge – ‘s iad a’ togail air cho cudromach ‘s a tha e gum bheil goireas/cothroman leithid Spòrs Gàidhlig mu choinneamh clann a tha a’ leantainn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FTMG). Saoilidh sinn gum bheil dà phrionnsapal an luib a bheachd ud: cothromachadh-chothroman le clann a tha a’ leantainn foghlam sa Bheurla; ach cuideachd a bhith a’ coileanadh amasan bunaiteach FTMG. Ma tha sinn dha rìreabh ag amas air an siostam foghlam seo an òigridh a thoirt gu ìre fileantachd a choreigin tha e cudromach gum faigh iad cothroman-cleachdaidh Gàidhlig a tha spòrsail, brosnachail is tlachdmhòr; a dhearbhas dhaibh gum bheil a Ghàidhlig beò taobh a-muigh an seòmair sgoile.

A’ tilleadh gu ceist seasmachd ma tha. Tha e nar beachd-sa gum bheil sinn air rud cudromach a dhearbhadh anns na bliadhnan a chaidh seachad. ‘Se sin nach eil adhbhar practaigeach sam bith ann nach urrainnear foghlam air an taobh a-muigh a lìghrigeadh, aig ìre ard is proifeiseanta, tro mheadhan na Gàidhlig. Ma thathas a’ gabhail ris na thuirt sinn gu h-àrd, gum bheil na cothroman seo cudromach do chlann ann am FTMG, bu chòir a bhith cìnnteach gum bheil Spòrs Gàidhlig seasmhach/leantainneach san àm ri teachd.

Aig an ìre-sa tha an obair a’ crochadh air dithis luchd-obrach, le taic bho aon neach eile mar neach-obrach sealach. Chan eil sinn a’ treànadh dhaoine eile oir chan eil an t-airgead againn air a shon. Nam falbhadh aonan den dithis a th’againn – air ge bith dè an adhbhar – bhitheadh e gu math eu-coltach gum b’urrainn dhuinn a chompanaidh agus an obair-libhrigidh aca a chumail a’ dol.

Le sin tha sinn gu bhith a’ dol an sàs ann an iomairt airson Spòrs Gàidhlig a chur air stèidh nas làidire. Tha am pròiseact a’ cosg beagan is £90,000 sa bhliadhna aig an ìre tha seo. Nam faigheadh sinn mu £150,000 bhitheadh cothrom againn coimhead ri feadhainn eile thrèanadh agus cuideigin eile fhastadh airson an sgioba a leasachadh, b’urrainn dhuinn uidheamachd ùr cheannach – agus nas cudromaiche – b’urrainn dhuinn cothroman a thabhann dhan òigridh, tro pàrantan neo sgoiltean, aig prìs tarraingeach. Seo daonnan an amas againn: cothroman tarraingeach a thabhann dhan òigridh an cuid Gàidhlig a chleachdadh is a leasachadh.

Tha Covid-19 air maill a chuir air an iomairt a tha seo, ach tha sinn a’ dol a thòiseachadh air a dh’aithghearr agus cuireadh sinn fàilte air taic sam bith as urrainn dha na Buill Pàrlamaid a thoirt dhuinn leis seo.

San dealachadh, tha sinn taingeil do Mhisneachd ‘son an athchuinge a thogail ‘s a chuir mu choinneamh a’ Phàrlamaid, agus tha sinn taingeil do Bhòrd na Gàidhlig airson an taic a tha iad air a thoirt dhuinn agus (tha sinn an dòchas) a bheir iad dhuinn fhathast mu choinneamh obair 2021/22. Ged tha chan eil Spòrs Gàidhlig fhathast cho seasmhach ‘s a bu mhath leinn is tha an obair sin romhainn fhathast.

Nam fàgadh am freagairt seo sibh le tuilleadh cheistean bhitheadh sinn ro dheònach fios a bharrachd a thoirt seachad.

****Mathaid gun fhiach e soillearachadh gur e buidheann cathrannach a th'ann an Comunn na Gàidhlig. Tha air n'obair leasachaidh air fad air a dhèanamh gin phrothaid. 'S an latha a th'ann tha cha mhòr an obair gu lèir ag amas air daoine òga, le bhith ag obair ann an sgoiltean agus a' choimhearsnachd. Tha Spòrs Gàidhlig mar phàirt dhan seo.**